

“Aon, dhà, trì. Obh, obh, tha poca a dhìth!
Marc, Marc! Thig dhan stòr. Tha poca a dhìth!”
“Thug mi aonan do Mhia agus thug mi dhà
dhutsa.”

Fios
Fuathmean

Ghnog am post air an doras. “Cò th’ ann?”
“Tha am post, le litir dhut.”
“Nach gabh thu cupa tì?”
“Cha ghabh.”

Fios
Fuathmean

Tha mo phasgan sa bhaga. Tha mo bhrògan
sa phoca. Tha mo bhaga cho làn 's a
ghabhas!

Fios
Fuathmean

“Tha mi a’ dol a-mach.”

“Na bi ro fhada; tha i fuar.”

Tha i fuar. Tha i cho fuar ’s nach fhàs
flùr san talamh.

Fios
Fuathmean

Tha burras acrach sa chàl. Ium, ium, ium,
tòrr càl blasta. Tha am burras a' fàs mòr.
Tha am burras a' fàs mòr ag ithe càl. “Na
ith an còrr; cha bhi càl agam!”

Fios
Fuathmean

Tha mo ghruag fada donn. Tha bann gorm
nam ghruaig. Tha mo ghruag grinn a-nis.

Fios
Fuathmean

Mhill crogall mo bhrògan. Rinn e toll annta
le fhiacloan agus thilg e iad dhan pholl! Tha
iad a-nis tolltach agus salach.